

TIOTAL-OBRAICH	Ceumnaiche Òrain Ghàidhlig Didseatach
ROINN	Tobar an Dualchais
AN URRA RI	Flòraidh Forrest
UALLACH AIRSON	-
SGEÌLE THUARASTAIL	£23,250 FTE
PRÌOMH ÀITE-OBRAICH	Sabhal Mòr Ostaig
CÙMHNANT	6 mìosan 35 uairean gach seachdain

- Ag obair còmhla ri sgioba Tobar an Dualchais gus susbaint làrach-lìn Bliadhna nan Òran ùrachadh, eadar-theangachadh agus a ghluasad gu làrach-lìn Tobar an Dualchais.
- A’ co-òrdanachadh inntreadh dàta dha na duilleagan ùra gus dèanamh cinnteach gu bheil an ochd ceud òran Gàidhlig air an gluasad gu ceart.
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil dàta Bliadhna nan Òran a’ co-chòrdadh ri raointean-dàta Tobar an Dualchais.
- Ag eadar-theangachadh eachdraidhean-beatha agus susbaint eile bho làrach-lìn Bliadhna nan Òran bho Ghàidhlig gu Beurla airson gum bi am fiosrachadh ri fhaighinn anns an dà chànan air làrach-lìn Tobar an Dualchais.
- A’ ceangal òrain Ghàidhlig a tha mar-thà air làrach-lìn Tobar an Dualchais ris na duilleagan ùra.
- Ag ùrachadh dàta Bliadhna nan Òran nuair a bhios feum air.
- Bidh an tagraiche a shoirbhicheas stèidhichte ann an oifis Tobar an Dualchais aig Sabhal Mòr Ostaig ann an Slèite. Ge-tà, tha sinn deònach beachdachadh air iarrtasan bho dhaoine a tha airson a bhith ag obair air astar, fad ’s a tha iad fhathast stèidhichte ann an sgìre Comhairle nan Gàidhealtachd.
- ’S e dreuchd làn-ùine a th’ ann (35 uairean an uaireadair san t-seachdain) agus mairidh e sia mìosan.

Comasan an neach-obrach

	Comasan riatanach	Comasan a bhiodh nam buannachd
Teisteanasan agus trèanadh proifeiseanta no dreuchdail	Ceum BA anns na 4 bliadhna a dh’ fhalbh.	Ceum ann an Gàidhlig, Ceiltis, Dualchas, Teicneòlas no cuspair co-cheangailte eile
Sgilean	Gàidhlig fhileanta ga bruidhinn	Susbaint a sgrìobhadh sa Bheurla agus sa Ghàidhlig

	Sàr sgilean sgrìobhaidh sa Ghàidhlig. Sgilean conaltraidh math Sgilean eadar-phearsanta math	
Eòlas	Eòlas air a bhith ag obair le teicneòlas didseatach	Eòlas air a bhith a' cleachdadh Tobar an Dualchais agus cruinneachaidhean air-loidhne eile dhen aon seòrsa. Eòlas air a bhith ag obair le òrain Ghàidhlig agus/no ceòl Gàidhlig. Eòlas air a bhith ag obair le sgrìobtaichean Phyton. Eòlas air a bhith ag obair le Siostaman Rianachd Susbaint.

Buannachdan eile

- Cothrom air sgeama rothaireachd gu obair
- Lann lùth-chleas air an làraich – cosgais £40 sa bhliadhna airson ballrachd
- Pàirceadh an-asgaidh
- Sgeama peinnsein
- Aon mhodal fo-cheum an-asgaidh (suas gu 20 creideas) ann am bliadhna acadaimigeach sam bith fo phoileasaidh GRSS. Feumar £25 a phàigheadh mar chis rianachd (nach fhaighear air ais).